

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Am Mìleamh Litir

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,000. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 696 corresponds to Litir 1,000.

Halo a-rithist, a chàirdean. 'S dòcha gun do mhothaich sibh do dh'àireamh na Litreach seo. Thòisich Litir do Luchd-ionnsachaidh anns a' Chèitean naoi ceud deug, naochad 's a naoi (1999), còrr is naoi bliadhn' deug air ais. Tha i air a bhith a' ruith an ìre mhath a h-uile seachdain bhon uair sin. Agus seo **am mìleamh tè**.

Bu mhath leam taing a thoirt dhuibhse, an luchd-èisteachd agam, airson a bhith taiceil dhomh thar nam bliadhnaichean, agus ùidh a shealltainn ann an cuspairean nan Litrichean. Tha sibh ann am mòran dùthchannan, a bharrachd air Alba fhèin, agus mo bheannachd agaibh airson a bhith ag ionnsachadh ar cànan ghràdhach, a' Ghàidhlig. 'S iomadh post-dealain a fhuair mi bhuaibh thar nam bliadhnaichean agus tha mi gu math taingeil air an son. Co-dhiù ruigidh mi Litir dà mhìle an ceann naoi bliadhn' deug eile, chan urrainn dhomh a ràdh, ach tha mi an dòchas gun lean sinn air ar turas còmhla airson ùine fhathast.

Tha am facal againn airson a dheich uiread de cheud inntinneach, nach eil? *Mìle* – coltach ris an fhacal ann an Cuimris, Fraingis, Laideann ... Tha dùil gun tàinig i bhon Laidinn an toiseach. Ma choimheadas sibh air an fhacal *mìle* ann am faclair Gàidhlig, gheibh sibh dà chiall air – *thousand* agus *mìle*. Chan e co-thuiteamas a tha sin.

Bha mìle aig na saighdearan Ròmanach – air a thomhas air a' chas chli a bhith a' bualadh na talmhainn mìle turas nuair a bhathar a' caismeachd. Ann an Laideann, b' e sin *mille passus* – mìle ceum. Ge-tà, cha bhiodh e co-ionnan fad na h-ùine. Nam biodh na saighdearan sgìth, cha bhiodh na ceumannan aca cho fada. Mar sin, anns a' bhliadhna fichead 's a naoi ro Chrìosd, chruthaich an seanalair Ròmanach Agrippa slat-tomhais choitcheann. Bha an troigh Ròmanach stèidhichte air fad a choisè fhèin. Agus bha còig troighean ann an ceum no *passus*.

Bha mìle – mar thomhas astair – aig iomadh dùthaich is cultar, stèidhichte air mìle nan Ròmanach. Ach bha e diofraichte ann an diofar àiteachan. Bha mìle Albannach na b' fhaide na mìle Shasannach. Dh'fhalbh a' mhìle Albannach nuair a thàinig Alba is Sasainn còmhla anns an aonadh.

Chan eil e soilleir cò às a thàinig am facal *thousand* o thùs. 'S dòcha gun robh e a' ciallachadh 'grunn cheudan'. Bha e anns an t-Seann Bheurla mar *púsend* agus tha facal coltach eadhon an-diugh anns na cànanan Gearmanach. Ma thèid sibh a Nirribhidh, cluinnidh sibh daoine ag ràdh *tusen takk*. Tha sin co-ionann ri 'mìle taing' ann an Gàidhlig.

Tha e inntinneach, ma tha, gur ann bhon Laidinn, seach bhon Lochlannais, a thàinig ar facal fhèin. Ach a bheil sin fìor anns a h-uile h-àite? Tha cuimhne agam air

turas a chaidh mi a chèilidh air bodach ann an Dùthaich MhicAoidh – fear nach eil beò an-diugh. Bha sinn a’ bruidhinn ann an Gàidhlig air caoraich agus chleachd esan am facal *sùstan* airson mìle. Cha do thuig mi an toiseach gun robh e a’ ciallachadh *thousand*. **’S iongantach mura tàinig** *sùstan* bhon t-Seann Lochlannais. Bha e clàraichte cuideachd ann an Gàidhlig Ghallaibh.

Co-dhiù, tha an t-àm agam falbh. Mìle beannachd leibh.

* * * * *

Faclan na Litreach: co-thuiteamas: *coincidence*; mìle ceum: *a thousand paces*; slat-tomhais choitcheann: *a standard measure*; Gearmanach: *Germanic*; *sùstan*: *thousand [dialects of North Sutherland and Caithness]*.

Abairtean na Litreach: ’S dòcha gun do mhothaich sibh do: *perhaps you noticed*; an ìre mhath a h-uile seachdain bhon uair sin: *almost every week since then*; airson a bhith taiceil dhomh thar nam bliadhnaichean, agus ùidh a shealltainn ann an cuspairean nan Litrichean: *for supporting me over the years and showing an interest in the subjects of the Litrichean*; co-dhiù ruigidh mi X an ceann naoi bliadhna’ deug eile, chan urrainn dhomh a ràdh: *whether I reach X in another 19 years, I can’t say*; airson a dheich uiread de cheud: *for ten hundreds*; bha mìle aig na saighdearan Ròmanach: *the Roman soldiers had a mile*; air a thomhas air a’ chas chlì a bhith a’ bualadh na talmhainn mìle turas nuair a bhathar a’ caismeachd: *measured by the left foot hitting the ground a thousand times on a march*; bha an troigh Ròmanach stèidhichte air fad a chois fhèin: *the Roman foot was based on the length of his own foot*; bha mìle Albannach na b’ fhaide na mìle Shasannach: *a Scottish mile was longer than an English mile*; gur ann bhon Laidinn, seach bhon Lochlannais, a thàinig ar facal fhèin: *that it was from Latin, rather than Norse, our own word came*; a bheil sin fìor anns a h-uile h-àite?: *is that true in every place?*; turas a chaidh mi a chèilidh air bodach ann an Dùthaich MhicAoidh: *a time I went to visit an old man in the Mackay Country [North Sutherland]*; bha sinn a’ bruidhinn air caoraich: *we were speaking about sheep*; cha do thuig mi an toiseach gun robh e a’ ciallachadh: *I didn’t understand to begin with that he was meaning*; bha e clàraichte cuideachd ann an Gàidhlig Ghallaibh: *it was also recorded in Caithness Gaelic*; tha an t-àm agam falbh: *I must go*.

Puing-chànain na Litreach: seo am mìleamh tè: *this is the thousandth one*. Litir is a feminine word so we use the feminine noun tè ‘female one’ rather than the masculine fear ‘male one’. However where preceded by an ordinal numeral (in this case mìleamh) we use a masculine-appearing article rather than ‘feminising’ it to a mhìleamh tè.

Gnathas-cainnt na Litreach: ’S iongantach mura tàinig *sùstan* bhon t-Seann Lochlannais: *it’s likely that* *sùstan* came from Old Norse.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA